

Ceann-là dhan fhoirm-iarrtais: 15 an t-Samhain, 2019

Nach cuir sibh am foirm-iarrtais coimhlionta gu:

Ceallaigh Shleidheach Kelly.Schlay@novascotia.ca

Air neo thro phost-dealain gu:

Dian-oideas na Gàidhlig (Iomairt Taic do Chultar airson Gnìomhan Culturach na Gàidhlig)

Gu pearsanta/cùrsair:	thro'n phost àbhaisteach:
1741 Sràid Bhronsuic, an 3sa ùrlar	Bogsa a' Phuist 456
Haileafacs, AN B3J 3X8	Haileafacs, AN B3J 2R5

Gearr-chunntas

'Ga rianachadh le Oifis Iomairtean na Gàidhlig, miar do Roinn nan Coimhearsnachdan, a' Chultuir agus an Dualchais, 's e prógram a th'ann an Dian-oideas na Gàidhlig 'ga dhealbhadh do bhuidhnean a bhios a' toirt taic ri ionnsachadh na Gàidhlig thro'n mhodh, Gàidhlig aig Baile aig a bheil prìomhachas air a bhi a' toirt sgoilearan gu bhi a' bruidhinn agus a' tuigsinn na Gàidhlig le bhi a' dèanadh gnìomhan làthail, gheamaichean, agus chòmhraidhean ann an àrainneachd a tha 'na bhogadh cànan, ag ath-chruthachadh nan dòighean a bhios cnapach ag ionnsachadh a chiad chànan. 'Ga lìbhrigeadh le taoitearan a tha aig àrd ìre ann am fileantas, thèid gnìomhan a lìbhrigeadh le bhi a' cur gu feum nithean-seallaidh, ath-aithris agus conaltradh gun fhaclan.

Amasan a' Phrógraim

- a bhi a' toirt taic ri òrdugh Roinn nan Coimhearsnachdan, a' Chultuir agus an Dualchais; aig a bheil dleasanais airson cur ri bith-bheò agus piseach iomadh coimhearsnachd agus iad a tha cruthachail an Albainn Nuaidh le bhi a' brosnachadh, a' leasachadh, a' gléidheadh agus a' cumail ar cultuir, dualchais, féin-aithne agus cànanan, agus le bhi a'

tairgsinn ceannais, ealantais agus ùr-ghnàthachais do luchd na coimhearsnachd.

- A bhi a' toirt taic ri òrdugh Iomairtean na Gàidhlig; a' toirt taic ri Ùr-Albannaich ann a bhi ag ath-bhuannachadh na Gàidhlig is na féin-aithne chulturaich aca, a' cuideachadh le bhi a' togail choimhearsnachdan thro thabhartasan sòisealta is eaconamach.
- a bhi a' cruthachadh phrògraman ionnsachaidh, fiosrachaidh is mothachaidh a bhios a' cur ri tuilleadh mea sis tuigse dhan a' Ghaidhlig agus do dh'fhéin-aithne chulturaich, a bhios a' toirt sheirbhisean a bheir taic ri iomairtean na coimhearsnachd Ghàidhealaich, a' neartachadh chompairteachais le roinntean agus ionadan an riaghaltais agus compàirtichean eadar-nàiseanta ann an roinnean Gàidhealacha eile.
- A bhi a' miadachadh coimeas bruidhinn na Gàidhlig a th'aig tuilleadh Ùr-Albannaich los gum bi tuilleadh brosnachaidh na Gàidhlig agus a cultuir ann an coimhearsnachdan, m.e. tuilleadh a bhiodh a' cur a-staigh airson prògraman tàilleabhachd coltach ri Bun is Bàrr, Daltachas, Stòras a' Bhaile, Na Gaisgich Òga agus prògraman tàilleabhachd na Gàidhlig agus a cultuir sam bith eile
- A bhi a' miadachadh chothroman fàis le bhi a' cur gu feum dhòighean ùr-ghnàthachais
- A bhi a' liadachadh taic do dh'iomadh coimhearsnachd agus do choimhearsnachdan Gàidhealach ionadail

Gnìomhan a gheobhar taic

Fo'n phrògram Dian-oideas na Gàidhlig, bheir an riaghaltais taic ri iarrtasan:

- A bhi a' sealltuinn oidhirpean gus co-obrachadh a dhèanadh le Gàidheil, buidhnean, coimhearsnachdan, agus feadhainn eile 's a' choimhearsnachd ionadail; m.e. a bhi a' toirt fiathachaidh do luchd-bruidhinn na Gàidhlig ionadail gus pàirt a ghabhail; a bhi a' planaigeadh gnìomhan na chruinneachaidhean coimhearsnachd air neo a bhi a' dol gu feadhainn a th'ann mar thà, mar dhannsaidhean ionadail; a bhi a' tadhail a-staigh air stòraichean is gnìomhachais ionadail a bhi a' gabhail pàirt ann an gnìomhan làthail, m.e. a' ceannach, a' gabhail bìdhe, agus gnìomhan sam bith eile a bhiodh freagarrach.
- A' toirt taic agus a bhi a' misneachadh iomadh choimhearsnachd, a' toirt a-staigh coimhearsnachd nan Gàidheail an Albainn Nuaidh agus coimhearsnachdan cruinn-eòlasach/iondail

- A bhi a’ tairgsinn tuilleadh chothroman do choimhearsnachdan a bhi a’ dol an sàs ann an gnìomhan-dùthchail cànanain agus cultuir;
- A bhi a’ togail comas agus dealas na coimhearsnachd ionadail gus a’ Ghàidhlig ionnsachadh agus gus tuisge, meas agus mothachadh nas motha ‘fhaighinn mu cultur agus féin-aithne nan Gàidheal;
- A bhi a’ sealltuinn phlanaichean agus oidhirpean do mhaoineachas eile gus bogaidhean a chur an gnìomh

Chan fhaigh tachartasan airson airgead a thrusadh, togail/leasachadh calpa na ceannachd uidheim taic-mhaoineachaidh.

Co-fhreagairt an iarrtais

Faodaidh buidheann taic-mhaoineachaidh ‘fhaighinn ma bhios na leanas ann:

- ma ‘s e buidheann-neo-phrothaide a th’innse;
- nam biodh i ag obair air sgàth dualchas cànanain agus cultuir na coimhearsnachd; agus
- ma bhios i a’ lìbhrigeadh phrògraman agus sheirbhisean a bhios a’ toirt taic ri ballrachd na buidheann agus a bhios a’ toirt deagh bhuaidh air a’ choimhearsnachd ‘s an fharsuingeachd

Ìre Mhaoineachaidh

Cha théid na bhios an Oifis a chur a-staigh nas àirde na 75% do chosgaisean a’ phróiseict agus gu h-àbhaisteach cha téid iad nas àirde mar bhàrr-suime na \$6000.00.

Air sàilleabh na h-uireid do dh’iarrtasan dh’fhaodadh próiseactan nas lugha na chaidh iarraidh ‘fhaighinn.

Faodaidh luach airson tabhartasan stuthail a bhi air an toirt a-staigh ‘s an teachd a-steach agus ‘s na cosgaisean ma ‘s ann do bhathair air neo sheirbhisean riatanach dhan phróiseact.

Pròiseas airson cur a-staigh

Ro’n àm a bh a’ cur a-staigh, iarradh air buidheannan anns a bheil suim gus fios a chur gu Oifigear na Gàidhlig aig Iomairtean na Gàidhlig gus còmhraidh a dhèanadh air an tagradh do Dhian-oideas na Gàidhlig agaibh agus gu dé na feumalachdan a bhiodh ann dhaibh airson cur a-staigh mun coilion iad am foirm-iarrtais.

Mar phàirt dhen phròiseas-sgrùdaidh do Thaoitearan Gàidhlig aig Baile, feumaidh buidhnean taoitearan a thaghadh a rinn a' chùis a thaobh fileantais 's a' chànan, air neo a bhiodh toileach sgrùdadh ann am fileantas a' chànan a dhèanadh.

Dh'fhaodadh iarraidh air buidhnean bhideo a chur dhen taoitear aca a' lìbhrigeadh seisean Gàidhlig aig Baile, m.e. a' deisealachadh bìdhe, a' dèanadh nigheadaireachd, a' dol air chois eachd taobh a-muigh air neo gnìomh sam bith eile a bhios a' sealltuinn nam modhann teagaisg aca.

Tha e 'ga mholadh gun gabh an fheadhainn a bhios a' deisealachadh an iarrais a-staigh buill eile na buidhneadh aca air neo na compàirtichean na coimhearsnachd fhad 's a bhios iad a' togail agus a' sgrìobhadh an iarrais aca.

Feumaidh làmh-sgrìobhainn cathair na buidhneadh agus an ceann-là a bhi air foirmichean-iarrais coimhlionta. Dh'fhaodadh iartrasan a bhi air an cur a-staigh gu pearsanta, thro chùrsair, phost-dealain air neo facs.

Ceann-ama an Iarrais agus Cinn-là Tòisich agus Deiridh a' Ghnìomh

Feumaidh iartrasan a bhi ri'm faighinn gun a bhi nas anmoiche na 15 an t-Samhain, 2019.

Chan fhaod gnìomhan tòiseachadh nas tràithe na an ceann-là a théid a shònrachadh 's an iartras agus:

- feumaidh cinn-là tòisich is deiridh a bhi aca, a rachadh am measadh le bhi a' tomhasachadh na h-uireid do dh'obair a dhìth gus crìoch a chur air a' ghnìomh.

Measadh air an Iartras

Théid measadh a dhèanadh air gnìomhan thro'n comas gus taic a thoirt ri amasan Dian-oideas na Gàidhlig mar a chaidh an sònrachadh air a' chiad dhuilleig agus mar a leanas:

- a bhi a' sealltuinn co-obrachaidh agus a bhi a' cur gu feum ionnsaidhean cruthachail, ùr-ghnathachais gus prógraman a lìbhrigeadh, m.e. sùbailteachd gus bogaidhean-cànain a lìbhrigeadh a mhaireas fad mìos, seachdain, sreath do sheadhainnean, sreath do

dh'oidhcheannan thro'n t-seachdain; agus cleachdaidhean éifeachdach gus cànan a thogail agus a chur gu feum

- so-ruigsinneachd dha na prògraman agus seirbhisean a bheir tai cri iomadachd agus ionannachd sòisealta is a bhi a' gabhail pàirt unnta;
- a bhi a' miadachadh chomasan agus chothroman taobh a-staigh coimhearsnachd chultarach agus dhualchasach na h-Albann Nuaidhe; agus
- a bhios a' toirt a-staigh tuilleadh chompàirtichean-maoineachaidh, poblach agus prìobhaideach.

Théid measadh a dhèanadh air na h-iarrtasan uile le luchd-obrach Iomairtean na Gàidhlig a nì molaidhean a thaobh maoineachaidh do Mhinistear Roinn nan Coimhearsnachdan, a' Chultuir agus an Dualchais.

Measadh air A' Phrógraim

Nì Iomairtean na Gàidhlig measadh air soirbheachas a' phrógraim Dian-oideas na Gàidhlig agus air na gnìomhan ris an toir i taic thro ath-sgrùdadh nam foirmichean-measaidh coimhlionta le buidhnean a gheobh maoineachas as deaghaidh dhaibh crìoch a chur air na gnìomhan aca.

Ann an conaltradh ri Iomairtean na Gàidhlig, nì buidheann measadh nan compàirtichean gun chuideam gus an t-adhartas a tha iad a' dèanadh 'fhaighinn a-mach. Bu chòir do mheasadh air sgilean na Gàidhlig a th'aig compàirtichean a bhi 'ga dhèanadh aig tòiseach agus deireadh a' phrógraim. Tha Oifigear Iomairtean na Gàidhlig ann gus cuideachadh a thoirt 's a' phròiseas-mheasaidh seo.

Tha Iomairtean na Gàidhlig airson na toraidhean a leanas a ruigheachd:

- adhartas le compàirtichean a dh'fhaodadh a bhi air a thomhasachadh a thaobh a bhi a' togail agus a' cur gu feum na Gàidhlig.
- Tuilleadh chothroman a bhi an sàs ann an goireasan dualchas cànan agus cultuir; agus a bhi a' gabhail pàirt ann an gnìomhan a bhuineas dhaibh.
- Increased sharing of resources and practices among language, culture and heritage organizations.
- Tuilleadh compàirteachaidh do ghoireasan agus chleachdaidhean a-miosg bhuidhnean dualchas cànan agus cultuir
- Tuilleadh tuigse agus mothachaidh a thaobh luach dualchas cànan agus culturaich.

- A bhi a' liadachadh cur a-staigh do thachartasan agus pròiseactan gus tuilleadh chomasan a chruthachadh
- A bhi ag aithneachadh na h-Albann Nuaidhe mar àite a tha cruthachail agus ùr-ghnathach.
- Cothrom a bhi ag ionnsachadh mar a bhios a' Ghàidhlig agus a cultur a' cur iomadachd nan coimhearsnachdan an Albainn Nuaidh an céill.

Fios air Toraidhean

Théid fios air maoineachas a chur gu Iarrtasaichean thro litir.

Pàigh agus Cùmhnant-mhaoineachaidh

Gheobh Iarrtasaichean a gheobh aonta maoineachaidh litir a dh'innseas a' chùmhnant do mhaoinachas. Feumaidh luchd-faighinn a bhi a' freagairt ris na cùmhnantan a leanas:

- Théid pàigh a dhèanadh ann an ainm na buidhneadh mar a théid a shealltuinn air an fhoirm-iarrtais. Cha téid pàigh a thoirt do fheadhainn.
- Feumaidh am maoineachas a bhi air a dhèanadh airson a' ghnìomh mar a chaidh tuairsgeul a dhèanadh air 's an fhoirm-iarrtais.
- Feumaidh fios a bhi 'ga chur gu Iomairtean na Gàidhlig mun téid atharrachaidhean a dhèanadh air a' ghnìomh, a' toirt a-staigh chinn-là tòisich agus deiridh, àite, air neo atharrachaidhean móra sam bith eile.
- Dh'fhaodhadh a bhi aig Iarrtasaichean nach fhaigh an uiread a dh'iarr iad ri bhi a' cur a-staigh buidseid uire leis an uiread leis an deach aonta.
- Mura téid am pròiseact a dhèanadh as deaghaidh dhan luchd-faighinn a' mhaoin 'fhaighinn, feumaidh an luchd-faighinn a' mhaoin a thilleadh chon na roinneadh.
- Ma thruiseas am pròiseact teachd a-steach a bharrachd air cosgaisean, dh'fhaodadh iarraidh a dhèanadh air luchd-faighinn a' mhaoin a bharrachd a thilleadh chon na roinneadh.
- Feumaidh luchd-faighinn a gheobh maoin thro'n phrògram aithisg dheireannach a chur a-staigh an ceann 60 là dhen là nuair a thig crìoch air a' phròiseact.

An aire: ma thig an aithisg dheireannach tìde leatha, chan urrainn do mhaoin a bhi 'ga toirt do thabhartas sam bith a théid aonta a chur thro phrògram na roinneadh air neo Ealain na h-Albann Nuaidhe, gus an téid an aithisg dheireannach 'fhaighinn.

Feumaidh taic Mór-roinn na h-Albann Nuaidhe agus TaicDoChultur a bhi 'gan aithneachadh mar a tha e air a shònrachadh ann an "Feumalachdan gus Maoin Aithneachadh" a bhios a' dol an cuide ri litir nan Cùmhnantan. Dh'fhaodadh modh-sgrùdadh na mór-roinneadh a bhi air a dhèanadh air luchd-faighinn. Nach cum sibh na cunntasan uile agaibh.

Airson fiosrachadh air neo ceistean air comharran-treòrachaidh agus air an fhoirm-iarrtais

Goiridh Dòmhnallach, Oifigear na Gàidhlig

Fón: (902) 870-6837

Facs: (902) 424-0710

Post-dealain: Jeffrey.D.MacDonald@novascotia.ca

Web: <https://gaelic.novascotia.ca/>

Maoineachas air aithneachadh le taing o ThaicDoChultur, prógram crannchair ainmichte le Cranncharan Roinneil na h-Albann Nuaidhe agus Corporra a' Chasino le maoin 'ga rianachadh le Roinn nan Coimhearsnachdan, a' Chultuir agus an Dualchais agus Ealain na h-Albann Nuaidhe.